

> DEOCH-LÀIDIR AGUS SGÌTHS

Ma tha thu sgìth, no an dèidh a bhith ag òl, cha bhì thu cho mothachail air comharraidhean de theine.

Tha thu nas buailtiche tuiteam na do chadal.

Chan eil cho buailteach dùsgadh ma dh'èireas teine, gu h-àraidh mura bheil innealan-rabhaidh toite is teasa a tha ag obrachadh air a' bhàta agad.

SMOCADH IS DEOCH-LÀIDIR

- Faodaidh bun thoiteanan cnàmh-losgadh fad uairean a thide gun lorg mura tèid am mùchadh mar as còir.
- Cuir às dhaibh gu tur ann an soitheach-luaithe – dèan cinnteach nach eil toit ann.
- Cleachd soitheach-luaithe a sheasas gu bunailteach air a' bhàta.
- Dòirt uisge air bun thoiteanan is shiogàran mus tèid an cur ann an soitheach-sgudail.
- Ann am mòran theintean air an adhbharachadh le thoiteanan, tha daoine cuideachd air a bhith ag òl agus tha cadal orra.
- Na smoc anns a' chathair agad ma tha thu air a bhith ag òl agus tu a' faireachdainn sgìth.
- Ma dh'fhairicheas tu sgìth, smoc a-muigh air an deic, nad sheasamh dìreach.

FAODAIDH CÒCAIREACHD AGUS DEOCH-LÀIDIR SGRIOS A DHÈANAMH

Ma tha thu air a bhith ag òl deoch-làidir no a' gabhail dhrogaichean, na dèan còcaireachd. Ma tha thu a-staigh san tìr, ceannaich biadh air an t-slighe air ais dhan bhàta agad, seach feuchainn ri còcaireachd a dhèanamh nuair a thig thu dhachaigh. Air neo deasaich biadh fuar air ais air bòrd.

- Bidh teintean ag èirigh nuair a stadas t' aire.
- Na coisich air falbh a-chaidh nuair a tha thu a' còcaireachd.
- Na tilg uisge a-chaidh air pana a tha na theine.
- Cùm panaichean-silidh agus àrainnean-còcaireachd glan. Dh'fhaodadh càrnadh suas de ghris dol na theine.
- Cha bu chòir barbecues a chleachdadh air bàtaichean – bidh gual-fiodha teth a' sgaoileadh ire chunnartach de Charbon Monoxide (CO) agus dh'fhaodadh eibhleagan air an sèideadh am bàta agad a chur na theine.
- Is e inneal-shradagan (lasadair-gas stèidhichte) an dòigh as sàbhailte gus stòbh a lasadh gun a lasadair fhèin.



SCOTTISH
FIRE AND RESCUE SERVICE
Working together for a safer Scotland

> BARRACHD FIOSRACHAIDH

Airson barrachd fiosrachaidh air sàbhailteachd-teine air bàtaichean agus deuchainnean-sàbhailteachd gnàthach, tadhail air www.boatsafetyscheme.org/fire

Airson barrachd fiosrachaidh mu riaghailtean na mara agus èiginn aig muir, tadhail air Maritime and Coastguard Agency aig www.dft.gov.uk/mca

Airson comhairle, sgrùdadh air uidheam-èiginn agus fiosrachadh mu theasairginn-èiginn, cuir fios dhan Royal National Lifeboat Institute aig www.rnli.org.uk

Tadhail air www.firescotland.gov.uk gus comhairle phractaigeach fhaighinn mu shàbhailteachd-teine. No bruidhinn ris an luchd-smàlaidh ionadail agad. Gheibh thu fios mu chonaltradh air an làraich-lìn, anns an leabharlann ionadail agad agus ann an leabhar nam fòn.

Ma tha thu ag iarraidh copaidh den sgrìobhainn seo ann an riochd eadar-dhealaichte no dreach ann an cànan eile, cuiribh fios gu **0800 0731 999**.

GUS CUIIRT AN-ASGAIDH MU SHÀBHAILTEACHD-TEINE AIG AN DACHAIGH A CHUR AIR DÒIGH

Cuir fòn gu **0800 0731 999**
no tadhail air www.firescotland.gov.uk

Gus CUIIRT AN-ASGAIDH MU SHÀBHAILTEACHD-TEINE AIG AN DACHAIGH a chur air dòigh Cuir fòn gu **0800 0731 999** Cuir teacs 'FIRE' gu **80800** no tadhail air www.firescotland.gov.uk



@SFRSYourSafety



Fact.

Faodaidh teine sgaoileadh gu luath air bàta, fiù air uisge. Bheir rabhadairean-toite agus rabhadairean-teasa ag obrachadh rabhadh tràth dhut ma dh'èireas teine.



SCOTTISH
FIRE AND RESCUE SERVICE
Working together for a safer Scotland

Translated and printed with funding from Bòrd na Gàidhlig

➤ RABHADAIREAN-TOITE AGUS RABHADAIREAN-TEASA

DH'FHAODADH RABHADAIREAN-TOITE AGUS RABHADAIREAN-TEASA CUIDEACHADH GUS DO BHEATHA AGUS DO BHÀTA A SHÀBHALADH.

- Cuir deuchainn orra GACH SEACHDAIN agus na toir na bataraidhean a-chaoidh.
- Mura dèan rabhadair fuaim, cuir a-steach bataraidh ùr.
- Mua dèan e fuaim fhathast, ceannaich rabhadair ùr.

Tha rabhadairean-teasa gan dealbhadh a dh'aon ghnothach airson àrainnean-còcaireachd. Cha chuir deathach bho chòcaireachd an rabhadair air ghleus.

➤ LORGAIREAN CARBON MONOXIDE (CO) AGUS GAS

Bidh puinnseanachadh CO a' marbhadh dhaoine. Faodaidh e do shlàinte a mhillleadh gu buan cuideachd. Is iad na comharraidhean tràtha de phuinnseanachadh CO:

- Sgiths
 - Tuainealaich
 - Cràdh sa Bhroilleach
 - Pràmhachd
 - Òrrais
- Cuir lorgair CO a-steach gus rabhadh a thoirt dhut mu charbon monoxide puinnseanach sam bith.
 - Dèan dearbhadh gu bheil an lorgair agad freagarrach ri chleachdadh aig muir agus gun toir e a-mach inbhe EN50291.
 - Cuir a-steach lorgair-gas builgein ann an locair a' ghas.
 - Put putan an lorgair gu cunbhalach feuch a bheil aoidion sam bith ann an siostam a' ghas.
 - Cùm gaotrachadh seòmar a' bhàta glan gus nach càrnaich CO puinnseanach suas.

Sàbhailteachd mu Ghas

- Dèan cinnteach gu bheil innealan-gas air an cur a-steach agus gan gleidheadh gach bliadhna le innleadair a tha clàraichte mar Gas Safe.
- Na cuir srian a-chaoidh air sruthadh an àile le bhith a' bacadh nan luidhearan no nam beàrran-àile.
- Nuair a ghabhas e dèanamh, cuir na còmhlaichean-gas dheth mus tèid thu dhan leabaidh no mus fhàg thu am bàta.
- Dèan cinnteach gu bheil siolandairean-gas daingeann an dèidh dhaibh a bhith air an atharrachadh. Dèan deuchainn airson aoidion le lionn-lorgaidh.
- Atharraich pìoban-gas air a bheil sgàineadh, brisge no trèigsinn datha a' nochdadh.
- Cùm siolandairean-gas a-muigh ann an locair a tha ghas shioladh fhèin agus a sheasas ri teine. Cùm nan seasamh agus saor bho ghluasad iad.

➤ NA NÌ THU MA BHIOS TEINE ANN

MA DH'ÈIREAS TEINE, DÈAN ÀS, FUIRICH A-MUIGH, CUIR FÒN GU 999.

Cuir an connadh is an gas dheth, ma ghabhas e dèanamh agus ma tha e sàbhailte a dhèanamh. Na rach a-steach ann an àrainn làn toite.

- Ma tha thu ann an àrainn làn toite mar-thà, cùm sìos gu h-iseal far a bheil an t-àile nas soilleire.
- Ma dh'fheumas tu glainne a bhriseadh gus èaladh às, cleachd plaide gus ciùrradh a sheachnadh.
- Thoir an t-àile air falbh bhon teine. Na fosgail saidsean-einnsein no dorsan nas lugha na dh'fheumas tu.

Teintean A-staigh san Tir

- Ma tha thu a-staigh san tir no air chruaidh faisg air tìr, gluais a h-uile duine far a' bhàta agus cuir fòn gu 999 sa bhad.

Teintean aig Muir

- Ma tha thu a-mach bhon chladach, gluais cho fad air falbh bhon teine is as urrainn dhut air an deic. Dèan cinnteach gu bheil seacaid-theasairginn air a h-uile duine.
- Thoir leat radio-làimhe VHF air an deic gus fònadh airson cuideachaidh.
- Cuir fios dhan Mhaor-chladaich le radio, cuir fios Mayday agus/no nochd sanas-teinne.

BIODH PLANA-ÈGINN AGAD

Dèan plana-èiginn le gach duine air bòrd mus tèid sibh a-mach.

- Dèan cinnteach gu bheil fios aig daoine mar a dhùnas iad còmhlaichean-èiginn agus suidsean-èiginn ma dh'èireas teine.
- Cùm biùgan ri làimh a chuideachadh riut èaladh san oidhche. Dèan cinnteach gu bheil feadhainn a bharrachd agad agus cuir deuchainn orra gu cunbhalach.
- Na rach gu muir gun radio VHF. Biodh fear air a theàirdseadh, air a chumail an làimh, dìonach air uisge ullamh ri chleachdadh agad aig àm sam bith.
- Na bi an eisimeil fòn-làimhe. Dh'fhaodadh nach biodh sanas ann agus is dòcha nach biodh e dìonach air uisge.
- Biodh gu leòr sheacaidean-teasairginn ann airson a h-uile duine air bòrd, agus cùm ann an deagh-ghleus iad.
- Cùm slighean a-mach glan agus iuchraichean ri làimh. Na cuir glas no crann air dorsan is saidsean bhon taobh a-muigh.
- Dèan lorg air an t-suidheachadh agad gus an innis thu do na seirbheisean-èiginn far a bheil thu ma dh'fheumar.
- Gabh beachd air 'baga-greime' a bhith agad gus stuth priseil a thoirt air falbh ann an èiginn.

➤ COMHAIRLE EILE MU SHÀBHAILTEACHD

Stòbhan Guail is Fiodha

- Thoir sùil air luidhearan stòbhan-guail is stòbhan-fiodha airson comharraidhean d ; aoidion is bhacaidhean.
- Na cleachd ach an connadh a tha ga mholadh le luchd-dèanaimh an teasadair. Faodaidh gum bi seòrsaichean eile a' losgadh tuilleadh is teth.
- Cuir èibhleagan an dara taobh gu faiceallach. Ma tha iad fhathast blàth, dh'fhaodadh iad teine no càrnadh suas CO adhbharachadh.
- Dèan cinnteach gu bheil bac-teine air a bhith air a dhùnadh dheth no còmhlaichean-iomallachd.

Coinnlean

- Dèan cinnteach gu bheil coinnealan ann an coinnealan tèarainte, oir dh'fhaodadh bàta a' luasgadh no tulgadh obann coinnealan a chur thairis.
- Cuir coinnealan air uachdar/coinnealan a sheasas ri teas daonnan. Bi gu sònraichte faiceallach le solais-oidhche is solais-tì, a dh'fhaodadh fàs teth gu leòr gus plastaig a leaghadh.
- Cuir coinnealan air falbh bho nithean a dh'fhaodadh dol nan teine.
- Is e smàlair, no spàin, an dòigh as sàbhailte gus coinnealan a mhùchadh gus nach èirigh sradagan.
- Na fàg coinnealan air a lasadh leis fhèin, fiù fad diog no dhà. Ma bhios tu a' fàgail a' bhàta, no a' dol a chadal, dèan cinnteach gu bheil coinnealan air am mùchadh mar as còir an toiseach.

Fo Rùm

- Cùm aodach is pàipear air falbh bho rud sam bith leithid bac-teine, luidhearan agus bolgain.

- Faodaidh teas bho bholgain teine adhbharachadh. Cha bhì bolgain a' sàbhaladh lùth a' fàs cho teth agus tha iad nas sàbhailte mar sin.

Cumail Suas an Einnsein

- Na leig le ola no sprùilleach càrnadh suas anns na cliathaichean.
- Dèan sgrùdadh air lagadh pìoban-traogaidh einnsean is theasadairean
- Thoir sùil air siostaman nam pìob-traogaidh ann an einnsean air bòrd airson aoidionan.
- Thoir sùil airson altan sgaoilte, tancaichean-connaidh air am milleadh no pìoban a' dol am mìosad.

Sàbhailteachd a' Chonnaidh

- Thoir an aire nuair a tha thu a' faighinn connadh. Mùch lasairean nochdte an toiseach.
- Cuir dheth an t-einnsein is a' chòcaireachd mus làimhsich thu connadh sam bith.
- Cuir casg air deathach a' pheatrail a' dol a-steach dhan bhàta le bhith a' dùnadh nan dorsan, nan uinneagan no nan saidsean agus a' dùnadh a' bhrata-dhubhair.
- Cuir connadh ann an einnsein is gineadairean for-bhùird fada air falbh bhon bhàta.
- Faodaidh aoidionan, dòrtadh is deathach lasadh gun strì. Glan suas iad sa bhad agus dèan cinnteach gu bheil ceapan-lionaidh tèarainte an dèidh connadh fhaighinn.
- Na toir leat peatral a bharrachd ach ma tha feum air agus cùm ann an locair ga shioladh fhèin no a-muigh air an deic e.